

**Dreach Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail air
Dihaoine 11 Màrt 2016 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 1.30f**

BUILL:	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche) Catriona Dunn Sine Ghilleasbuig Art MacCarraig	Aonghas MacCumhais (fòn) Aonghas MacLeòid Iain Moireasdan Máire Ni Annrachain
---------------	--	--

AN LÀTHAIR:	Iain Gòrdan Dòmhnall Angaidh MacIllnnein Iain Tormod MacLeòid Cairistiona NicCoinnich	Shona NicIllnnein Boyd Robasdan Donnie Rothach
--------------------	--	--

LEISGEULAN:	Sandy Jones Alasdair MacLeòid	Cairistiona Walker
--------------------	----------------------------------	--------------------

PUING**GNÌOMH****1 FÀILTE**

1.1 Chaidh aontachadh ri Aideen a bhith na cathraiche.

Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair.

Chuireadh meal-a-naidheachd air Meg Bateman, air an deach inbhe Ollamh a bhuileachadh le OGE. 'S i a' chiad bhoireannach aig an t-Sabhal a choisinn inbhe ollaimh.

Chuireadh meal-a-naidheachd air sgioba Margaideachd agus Cànan, a bhuannaich an duais airson an ro-sheallaidh as fheàrr aig duaisean Margaideachd CDN (Colleges Development Network) 3 Màrt. B' e oileanaich a bha nam britheamhan airson na duaise.

2 GEÀRR-CHUNNTASAN

2.1 **CU16-04 (27/11/15):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

2.2 **Coinneamh Shònraichte 12/02/2016:** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

2.3 **Comataidh Chorpóra (27/11/2015):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

2.4 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (28/08/2015):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

2.5 **Gnothaichean ag Èirigh:**

2.4 Gnothaichean ag Èirigh: Chaidh cuireadh gu Ceannard na h-Èireann, Micheal D. Higgins a thadhail air a' Cholaiste agus fhuair e fios air ais ag ràdh gum bu toil leis sin a dhèanamh nuair a chheadaicheadh an ùine dha.

9.1 Leasachadh an Leabharlainn: Chaidh fo-bhuidheann a chur air dòigh gus

beachdachadh air leasachaidhean san àm ri teachd.

Thug Boyd iomradh air an tairgse a thàinig bho theaghlach Shomhairle Mhic Gill-eain don Cholaiste airson an cruinneachaidh leabhraichean aige a cheannach. Rinneadh mòr thoileachas ris an naidheachd seo.

3 BALLRACHD

- 3.1 **Ballrachd:** Thugadh fa-near am pàipear aig Shona. Cha robh iarrtasan air a thighinn a-steach an lùib an t-sanais a chaidh a sgaoileadh as dèidh na coinneimh mu dheireadh. Chaidh an cuspair seo a dheasbad aig a' Chomataidh Chorporra sa mhadainn agus bha molaidhean ann air daoine a bhiodh freagarrach mar bhuill a' Bhùird. Chaidh aontachadh gum bruidhneadh Art, Aonghas MacLeòid agus Catriona ri triùir a chaidh ainmeachadh.

ArMC, AoML,
CD

4

ÙIDHEAN

Nochd Boyd agus Iain gun robh iad nan stiùirichean de Chànan, agus Donnie gun robh e na stiùiriche de Chànan Alba (puing 8.1).

5 AITHISG A' PHRIONNSAPAIL

- 5.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

6 GNOTHAICHEAN CORPORA

- 6.1 **Taisbeanadh Slàinte is Sàbhailteachd:** Ron choinneimh thug Fred Fudge seachad taisbeanadh air Slàinte is Sàbhailteachd, a' togail phuingeann bhon sgrùdadh a rinn e an-uiridh. Le bun-stèidh cheart – poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd, comataidh èasgaidh agus stiùir bhon Bhòrd – thèid na puingeann gnìomh san aithisg a' choilionadh. Tha e cudromach gu bheil stiùirichean agus manaidsearan a' tuigsinn an uallaich a tha orra.

Bha cothrom aig na buill ceistean a chur agus beachdan a thogail. Chaidh aontachadh gum bu chòir Slàinte is sàbhailteachd a bhith na chuspair seasmhach air clàr-gnothaich coinneamhan a' Bhùird.

Thugadh taing do Fred airson an taisbeanaidh.

- 6.2 **Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd:** Thugadh fa-near an aithisg air an sgrùdadh air siostaman Slàinte is Sàbhailteachd na Colaiste a rinn Fred Fudge. Nochd ùidh ann an trèanadh airson buill a' Bhùird fhèin agus chaidh aontachadh rannsachadh a dhèanamh air seo.
- 6.3 **Aonta Thoraidhean 2016-17:** Thugadh fa-near an dreach as ùire de Aonta Thoraidhean 2016-17 agus chaidh gabhail ris. Chaidh aontachadh earrann a chur ris a thaobh rannsachadh agus co-theacsa a thaobh Achd ùr an Fhoghlaim.
- 6.4 **Poileasaidh Gàidhlig:** Chaidh aontachadh ris a' phoileasaidh ùr. Bidh plana Gàidhlig ùr ann ann an 2017.

SNI/DAM

6.5 **A' Chill Bheag**

(i) Poileasaidh Gàidhlig: Thugadh fa-near aithisg bho Aideen air turas a ghabh i-fhèin agus Máire gu coimhearsnachd Gaeilge ann am Beul Feirste, agus pàipearan bho Tim agus Conchúr air dealbhachadh plana cànan. Bha deasbad ann a thaobh an t-slighe air adhart le bhith cruthachadh coimhearsnachd Gàidhlig. Chaidh aontachadh gun robh e cudromach gum bi feallsanachd agus brosnachadh ann an àite riaghailtean agus smachdachadh. Thèid coinneamh a chumail le Ronnie MacRath bho Highland Small Communities Housing Trust airson dreach ro-innleachd a chur air dòigh, a thèid chun a' Bhùird.

BR/DR

7 **FOGHLAM AGUS RANNSACHADH**

7.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

8 **IONMHAS AGUS RIANACHD**

8.1 **Cànan:** Thug Boyd agus Iain iomradh air cùisean a thaobh Cànan: tha cùisean gu math cugallach an-dràsta agus chan eil cus dòchais ann gun tig piseach air an t-suidheachadh. Tha Stuart Cadell air a dhreuchd mar Mhanaidsear Gnìomhachais fhàgail. Thathas air comhairle faighinn bho Iain Friseal aig FRP agus an dèidh bruidhinn cuideachd ri luchd-sgrùdaidh taobh a-muigh na Colaiste, Wylie & Bissett, thathas a' moladh 'capitalisation of debt into preferred shares owned by the College' gus cothrom a thoirt don chompanaidh lùghdachadh ann an dòigh rianail. Dh' aontaich Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd ri seo mu thràth.

8.2 **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta:** Thugadh fa-near am pàipear aig Boyd a' toirt iomradh air cùisean a thaobh barganachadh pàigheadh nàiseanta.

9 **LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN**

9.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

9.2 **Aithisg Alan MacKay:** Thugadh fa-near aithisg Alan MacKay air an obair aige a' togail airgid dhan Cholaiste. Bha deasbad ann am bu chòir cùmhnant eile a thabhann airson na h-obrach. Tha riaghailtean ceannach a' ciallachadh gun fheum an obair a dhol a-mach gu tairgse. Chaidh aontachadh seo fhàgail chun na h-ath choinneimh.

10 **GNOTHAICHEAN IOMCHaidh SAM BITH EILE**

Cha robh gnothaichean iomchaidh sam bith eile rin thogail.

11 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

- 11.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** Thèid an ath choinneamh a chumail air 1 Iuchar aig Sabhal Mòr.

Thèid dìnnear mar urram air Ruaraidh Iain MacLeòid a chumail oidhche Ardaoin an 30mh.

Sgaoil a' choinneamh aig 4.10f